



Ceumannan

Ceumannan 1

Notaichean an Tidseir
Teacher's Notes

Fàilte gu Ceumannan – cùrsa beothail, tarraingeach ùr a tha freagarrach do luchd-ionnsachaidh air a’ chiad agus an dara bliadhna san àrd-sgoil agus sgoilearan sam bith a tha a’ tòiseachadh air Gàidhlig airson a’ chiad uair. ‘S e prìomh amas a’ chùrsa sgilean Gàidhlig nan sgoilearan a thoirt air adhart ann an dòigh far a bheil an obair tlachdmhor, tarraingeach agus feumail dhaibh. Thathar an dùil gum bi sgoilearan nas deònaiche cumail orra le Gàidhlig gus an ruigear fileantachd sa chànan agus gun tuigear gu bheil feum air a’ Ghàidhlig airson conaltradh a dhèanamh ann an díofar shuidheachaidhean – aig obair, san dachaigh agus ann an conaltradh pearsanta san fharsaingeachd.

Modalan an Leabhair

Tha sia modalan ann an **Ceumannan 1**, air am briseadh sìos gu aonadan. Tha trì aonadan deug san leabhar uile gu lèir agus mar as trice, tha ceangal air choreigin eadar na h-aonadan a th’ anns gach modal.

Modal	Aonad	Cuspair
1	1	Hallò!
	2	Ciamar a tha thu?
2	1	Bruìdhinn Gàidhlig!
	2	Àireamhan is aois
	3	Càit a bheil thu a’ fuireach?
3	1	Dè an dath a th’ air?
	2	Dè tha anns a’ bhaga?
4	1	Dè an latha a th’ ann an-diugh?
	2	Dè as toigh leat?
	3	Dè an uair a tha e?
5	1	Mo theaghlach
	2	A bheil peata agad?
6	1	Dè tha thu ag iarraidh?

Gheibhear clàr mionaideach de mhodalan, aonadan, cuspairean, cultar agus cànan ann am **Pàipear-taic 1 Ceumannan 1 – Structar a’ Chùrsa**.



A bharrachd air na modalan agus na h-aonadan fhèin, tha earrannan feumail eile ann. Anns gach aonad gheibhear:

- **Faclan is Abairtean** Liostaichean de dh'fhaclan ùra aig deireadh gach modail.
- **Sùil air ais** Obair a bharrachd a bhios a' daingneachadh nam puingean as cudromaiche a thog ceann san aonad.
- **Cultar*** Thathar a' moladh sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais** gum feum sgoilearan barrachd suim a chur sa chultar aca fhèin agus tha leasan ann an cultar air am filleadh a-steach dhan chùrsa. Aig deireadh gach aonaid, gheibhear earrann a tha a' dèiligeadh ri cuspair cultarach le cothroman ann airson obair leudachaidh agus obair rannsachaidh. Tha tidsearan làn di-beathte cur ri seo ann an dòigh sam bith a chithear iomchaidh. Aig bonn a' phàipeir seo, gheibhear fiosrachadh air ceanglaichean a dh'fhaodadh a bhith feumail ann an rannsachadh.

Anns gach modal gheibhear:

- **Ceum air Cheum** Liosta den obair a chaidh a coileanadh – cothrom beachdachadh air an ìre aig a bheil gach sgoilear agus càit am faighear fiosrachadh a tha a dhìth.
- **Taic** Pìos fiosrachaidh feumail a chuidicheas an sgoilear le obair. Mar eisimpleir: Riaghailt litreachaidh: leathann ri leathann agus caol ri caol.
- **Ceum a bharrachd** Eacarsaichean eile, mar as trice le beagan a bharrachd susbaint annta dha na sgoilearan as adhartaike.

Stuth a bharrachd

Aig cùl an leabhair tha **Faclair Mòr** – Gàidhlig gu Beurla agus Beurla gu Gàidhlig. Gheibhear am faclair cuideachd air-loidhne far an cluinnear gach facal/abairt air fhuaimneachadh ann an Gàidhlig.

Ceumannan cànan – Thathar a' moladh gum bi sgoilearan air na h-aonadan air fad a dhèanamh mus tòisich iad air na Ceumannan cànan. Ann am **Pàipear-taic 1**, gheibhear liosta de na ceanglaichean eadar na puingean cànan agus an leabhar *Gràmar na Gàidhlig* (Stòrlann-Acair 2002), nam biodh an tidsear airson leudachadh a dhèanamh air an obair a tha sa chùrsa.

Notaichean an Tìdseir – Tha iad seo cuideachd air-loidhne. An seo, gheibhear stiùireadh mun chùrsa, na h-earrannan èisteachd agus freagairtean.

Ceumannan air-loidhne – An seo gheibhear measgachadh de stuth a bharrachd a bhios gu feum dhan chùrsa. Gabhaidh cuid de na duilleagan a luchdachadh a-nuas – tòimhseachain agus duilleagan-obrach – agus tha filmichean beaga agus geamannan coimpiutair feumail ann cuideachd. Thathar an dùil ceangal sòisealta a dhèanamh eadar sgoiltean gus am faigh na sgoilearan cothrom conaltradh a dhèanamh ri luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig an aon aois riutha fhèin ann an sgoiltean air feadh na dùthcha. Bhiodh cothrom an seo ann cuideachd filmichean, dealbhan, òrain agus fiosrachadh a chumail air duilleag-dachaigh gach sgoileir.



Chaidh naoi òrain a chlàradh airson a' chùrsa, agus chaidh còig dhiubh sin a sgrìobhadh gu sònraichte. Nochdaidh iad sin air-loidhne anns na h-earrannan èisteachd. Tha iad cuideachd a' nochdadh air leth air làrach Cheumannan. Gabhaidh iad seo a chleachdadh ann an clasaichean Gàidhlig eile.

Gheibh gach sgoil laidhseans bliadhna *Comic Life* (prògram airson dealbhan-èibhinn a dhèanamh) a bhios gu feum sna clasaichean Gàidhlig air fad.

Curraicealam airson Sàr-mhathais

Chaidh an cùrsa a stèidheachadh air a' **Churraicealam airson Sàr-mhathais** agus ann am **Pàipear-taic 2** gheibhear clàr a tha a' ceangal gach eacarsaich san leabhar ri buil sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais**.

Chaidh an cùrsa a chruthachadh le cothroman a thoirt do sgoilearan a bhith ag obair ann an tòrr dhiofar dhòighean agus airson dùbhlann a thoirt do sgoilearan aig gach ìre obrach. Bu chòir dha na sgoilearan gach stoidhle ionnsachaidh a chur gu feum airson gach buil a choileanadh.

Tha cothroman ann taghadh a dhèanamh air dè na pìosan obrach a nì sgoilearan no dè an sgil a chleachdar airson na pìosan a dhèanamh. Mar eisimpleir, faodar taghadh a dhèanamh eadar èisteachd no leughadh aig amannan agus chan eilear idir a' sùileachadh gun dèan gach sgoilear gach pìos obrach. Dh'fhaodar taghadh a dhèanamh an dà chuid a thaobh toil agus comais.

Tha cothroman aig na sgoilearan a bhith ag ionnsachadh ann an diofar dhòighean – ag obair leotha fhèin, ann an càraid, ann am buidheann agus mar chlas slàn. Bu chòir dleastanas a bhith air na sgoilearan fhèin airson na tha iad ag ionnsachadh. Bheir an leabhar agus làrach **Cheumannan** seachad taic an t-amas seo a choileanadh bhon a tha na h-uiread de ghoireasan ann airson a bhith a' rannsachadh, airson faclan a lorg dhaibh fhèin, airson fuaim facail a dhearbhadh agus airson obair leudachaidh.

Tha tòrr chothroman aig na sgoilearan a dhol an sàs san ionnsachadh aca fhèin, le goireasan feumail air-loidhne agus san leabhar. Tha eacarsaichean ann a bhios a' toirt orra smaoineachadh air a' chànan a tha iad ag ionnsachadh agus na dòighean a thathar a' cleachdadh airson sin a dhèanamh. Thathar a' moladh gum biodh cuid de na h-eacarsaichean san leabhar cuideachd freagarrach airson obair-dachaigh.

Tha cothroman ann a bhith ag obair an lùib roinnean eile mar a thathar a' moladh sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais**. Ann am **Pàipear-taic 3**, gheibhear molaidhean airson pròiseactan a dh'fhaodar a lìbhrigeadh sa chlas agus cuid le taic bho bharrachd is aon roinn. Bheir iad seo cothrom dha na sgoilearan sgilean beatha agus sgilean conaltraidh a thoirt air adhart a bharrachd air a bhith a' leasachadh sgilean cànan.

Tha cultar air leth cudromach sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais** agus tha iomadh cothrom aig na sgoilearan a dhol an sàs ann an diofar chuspairean an seo agus rannsachadh a dhèanamh orra san dòigh aca fhèin. Chaidh oidhirp a dhèanamh cuid de ghnàthasan-cainnt agus abairtean Gàidhlig fhilleadh a-steach dhan chùrsa. Mar as trice, togaidh sgoilearan a leithid gu math luath. Bidh na h-òrain, le fuinn ainmeil Ghàidhlig orra, gu feum an seo cuideachd.

Tha tòrr chothroman ann ICT a chleachdadh mar a thathar a' moladh sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais** eadar rannsachadh air an eadar-lìon, faclair air-loidhne agus conaltradh sòisealta eadar sgoiltean.



Tha an cùrsa mothachail air an dleastanas a th' air gach roinn san àrd-sgoil airson àireamhachd agus litearrachd a thoirt air adhart agus tha iad seo air am filleadh a-steach dha na h-eacarsaichean sa chùrsa agus na molaidhean airson pròiseactan a bharrachd. Tha slàinte agus fallaineachd air an còmhachadh sa chùrsa far a bheil biadh fallain agus eacarsaich air am moladh.

A rèir ghoireasan eile sa **Churraicealam airson Sàr-mhathais**, chan fheumar **Ceumannan** no obair sam bith na bhroinn a chumail airson aon chlas a-mhàin. 'S math dh'fhaodte gum biodh cuid de na h-eacarsaichean, na pròiseactan, na geamannan agus na h-òrain gu feum ann an clasaichean eile.

Molaidhean Teagaisg

Tha *GLPS* air feum mòr a dhèanamh dhan Ghàidhlig sa bhun-sgoil, ach chan eil fios is cinnt ann fhathast gun tig a h-uile sgoilear a-steach dhan àrd-sgoil le comas sam bith ann an Gàidhlig. Mar sin, feumaidh an tidsear measadh a dhèanamh air sgilean sgoilearan sa chlas gus dearbhadh a dhèanamh air dè an comas a th' aca agus càit am bu chòir dhaibh tòiseachadh. Mar as trice, chan eil sgilean sgrìobhaidh agus sgilean leughaidh cho adhartach aig toiseach a' chiad bhliadhna agus tha cothroman ann iad sin a neartachadh sna sgoilearan aig a bheil sgilean labhairt mar-thà. Aig an aon àm, dh'fhaodar obair bhunaiteach a dhèanamh leis an fheadhainn a tha air ùr-thighinn dhan Ghàidhlig. Bu chòir dha na sgoilearan aig a bheil beagan Gàidhlig mar-thà a bhith nan goireasan feumail dhan fheadhainn a tha a' tòiseachadh bho thùs agus tha e cudromach gum biodh tidsearan mothachail air sin nuair a tha obair buidhne ri dhèanamh.

Le cùrsa mar seo, tha e nas fhasa dòighean-teagaisg *AiFL* a chur an gnìomh – ag obair mar chlas airson amasan an leasain a thoirt dhaibh agus taisbeanadh a dhèanamh air na puingean ùra agus air faclan cudromach aig toiseach gnothaich. Thathar a' moladh gum bi an clas air a thoirt còmhla a-rithist aig ceann an leasain airson dèanamh cinnteach gu bheil sgoilearan air na prìomh phuingean a thogail agus gu bheil iad an comas na puingean ud a mhìneachadh. An uair a tha cànan ùr a' nochdadh ann an aonad airson a' chiad uair, bhiodh e feumail nan cuireadh an tidsear seachad beagan ùine leis a' chlas air fad a' mìneachadh na puing mus tèid iad air adhart gu obair an aonaid.

Aig deireadh gach aonaid, tha cothrom ann do sgoilearan sùil a thoirt air liosta de phrìomh phuingean an aonaid gus dearbhadh gu bheilear air an togail. Tha seo aca ann am barrachd doimhneachd aig ceann gach modail far am faodar targaidean ionnsachaidh a chur ro gach sgoilear air leth. 'S e goireas feumail a tha seo dhan tidsear cuideachd oir dh'fhaodar measadh labhairt a dhèanamh air sgoilearan a' cleachdadh na liosta aig ceann gach modail.

Tha obair ann do sgoilearan aig gach ìre comais. Far a bheil duilgheadasan sònraichte aig sgoilearan, thathar a' moladh gun lean iad orra tro na modalan a' dèanamh eacarsaichean a fhreagras air an comas. Chan eilear a' sùileachadh gun dèan gach sgoilear gach pìos-obrach.

Thèid cairtean *GLPS* a sgaoileadh gu sgoiltean a tha a' libhrigeadh a' chùrsa gus taic a thoirt do sgoilearan an cànan ùr a thogail agus geamannan cànan a chluich.

Anns na h-earrannan èisteachd, tha gach ceist air leth air trag/faidhle-fuaim eadar-dhealaichte. Mar sin, chan fheum sgoilear no tidsear tilleadh gu toiseach earrainn nuair a tha pìos fiosrachaidh a dhìth. Gheibhear àireamh gach trag san riochd sgrìobhte de na h-earrannan èisteachd. Mar eisimpleir: C1-1-1-3

Tha seo a' ciallachadh: Ceumannan 1, Modal 1, Aonad 1, Trag 3



Tha geamannan cànan an-còmhnaidh feumail ann an clas Gàidhlig oir gheibhear cothrom faclan agus cànan ùr a chleachdadh gun fhiosta. Ann am **Pàipear-taic 4**, gheibhear liosta de chuid a dh'fhaodadh a bhith gu feum agus molaidhean air càite sa chùrsa a bhiodh e iomchaidh an cluich.

Tha ICT air a mholadh air feadh a' chùrsa agus aig amannan sònraichte tha e riatanach gun tèid ICT a chleachdadh. Dhèanadh e feum rùm coimpiutaireachd no banca de choimpiutairean-uchd a chur an gnìomh nuair a tha an clas air fad an sàs ann an ICT. Tha cothroman ann filmichean a thogail de dhealbhan-cluiche, òraidean, òrain agus 'raps' sa chlas far am faic na sgoilearan ciamar a chaidh dhaibh agus dè ghabhadh dèanamh a thaobh leasachaidhean air an cuid obrach.

Chan eil measadh foirmeil an cois a' chùrsa, ged a dh'fhaodar feadhainn de na pìosan-obrach a chleachdadh airson sin a dhèanamh. Tha cothroman gu leòr ann measadh neo-fhoirmeil a dhèanamh ge-tà, agus cothroman aig na sgoilearan a bhith a' meas a chèile agus a bhith gam meas fhèin cuideachd.

Chan eil e gu diofar dè na tha ann de ghoireasan. 'S e an tidsear fhathast prìomh ghoireas a' chùrsa agus feumaidh an tidsear a dhol an sàs ann an obair a' chlas fad an t-siubhail. Bidh buaidh aig tidsear èifeachdach air clas, ge b' e dè na goireasan a tha rim faighinn. Feumaidh an tidsear cothroman a thoirt dha na sgoilearan Gàidhlig a chluinntinn gus an tog iad fhèin i. Thathar a' moladh gun tèid coimhearsnachd Ghàidhlig a stèidheachadh san roinn agus, nan gabhadh a dhèanamh, san sgoil. Tha e cudromach gum bi obair nan sgoilearan air na ballachan, agus gum bi postairean, leabhraichean, irisean agus sanasan Gàidhlig gan cuartachadh.

Tha an leabhar aig cridhe a' chùrsa ach chan eilear idir a' moladh gur e sin an aon ghoireas a bu chòir do thidsearan a chleachdadh, gu h-àraid airson builean **Curraicealam airson Sàr-mhathais** a choileanadh. Bhiodh e feumail cothroman a thoirt do sgoilearan a bhith a' coimhead agus ag èisteachd ri prògraman rèidio agus TBh agus cuireadh a thoirt do dhaoine a thighinn a bhruidhinn riutha san sgoil air diofar chuspairean gus an tuig iad gu bheil Gàidhlig air a cleachdadh gu cunbhalach taobh a-muigh ballachan a' chlas.

Tha òrain an cois a' chùrsa agus dhèanadh e feum dha na sgoilearan iad seo a chluinntinn tric agus cothroman a thoirt dhaibh na h-òrain a ghabhail. Bhiodh e math nan èisteachd na sgoilearan ri òrain eile a bharrachd airson farsaingeachd ciùil agus cultair a thoirt dhaibh.

*Air làrach Bòrd na Gàidhlig, gheibhear liosta fhada de làraich fheumail.

www.bord-na-gaidhlig.org.uk

www.mygaelic.com

www.smo.uhi.ac.uk

